



OILTHIGH DHÙN ÈIDEANN

A' toirt buaidh air a' chomann-shòisealta



Plana Ro-innleachdail

2016

Lèirsinn agus rùn

Lèirsinn

Tha sinn a' toirt buaidh air a' chomann-shòisealta.

Mar oilthigh a tha fìor dhomhanta, stèidhichte ann am prìomh bhaile na h-Alba, tha sinn a' cur gu mòr ri cùisean an t-saoghail ann an dòigh a tha seasmhach, agus mothachail air ar dleastanas sòisealta.

Rùn

Bidh sinn a' rannsachadh, a' leasachadh agus a' sgaoileadh fiosrachadh.

Mar ionad feabhas acadaimigeach tha sinn airson:

- an teagasg agus ionnsachadh as fheàrr a libhrigeadh stèidhichte air rannsachadh;
- crìochan fiosrachaidh, rannsachaidh agus roinnean sgoilearachd a sgaoileadh cho fada 's a ghabhas;
- ar ceumnaichean agus ar luchd-obrach a chur air chomas a bhith nan daoine air leth, uidheamaichte gus aghaidh a chur ri dùbhlain an t-saoghail;
- slàinte, fàs eaconomach, tuigse chultarail agus mathas sòisealta a bhrosnachadh.



Dè tha sònraichte mar deidhinn?

Meud

Is e oilthigh mòr ann an dùthaich bheag a th' ann an Oilthigh Dhùn Èideann, le ainm air leth airson deagh bhuaidh a thoirt air an t-saoghal.

Muinntir an Oilthigh

Tha na h-oileanaich agus an luchd-obrach againn aig cridhe an Oilthigh. Tha ar cliù a' tarraing dhaoine tàlantach bho air feadh an t-saoghail.

Muinntir an Oilthigh

Gus cumail oirnn a' toirt buaidh làidir air a' chomann-shòisealta bidh sinn a' sìor thasgadh ann an ionnsachadh agus rannsachadh.

Baile


Tha an t-Oilthigh freumhaichte ann am baile Dhùn Èideann, agus tha sinn air leth cudromach dha chèile.

A' tasgadh anns na feartan fiosacach againn, bidh sinn:

- a' cur £1.5 billean don oighreachd againn thar nan deich bliadhna ri thighinn;
- a' neartachadh dhàimhean eadar an t-Oilthigh agus am baile;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil an oighreachd againn air a deagh uidheamachadh agus so-ruigsinn;
- a' togail faireachdainn nar luchd-obrach, oileanaich agus muinntir a' bhaile mu cho sònraichte 's a tha Oilthigh Dhùn Èideann;
- a' leasachadh gach campas, ag ùrachadh thogalaichean suaicheanta leithid na Seana Cholaiste agus Talla MhicEòghainn, agus a' cruthachadh thogalaichean airson iomairtean ùra leithid na h-Institiud Teicneòlas Dàta;
- a' libhrigeadh àiteachan teagaisg is ionnsachaidh a bhrosnaicheas dòighean ionnsachaidh nas sùbailte;
- a' coileanadh iarrtasan luchd-rannsachaidh le obairlannan seasmhach agus àite airson co-obrachadh agus innleachdas;
- a' libhrigeadh àiteachan-còmhnaidh a chuidicheas oileanaich gus làn-phàirt a ghabhail sa choimhearsnachd;
- a' toirt an aire do sheasmhachd sa phlanadh againn;
- a' dìon ar dualchais.

A' toirt taic do mhuinntir an Oilthigh, bidh sinn:

- a' cumail coimhearsnachd oileanach is luchd-obrach a tha cothromach, in-ghabhalach agus eadar-mheasgte;
- a' dèanamh cinnteach gu ruig an luchd-obrach agus na h-oileanaich gu lèir àirde an comais le bhith a' libhrigeadh àrainneachd agus cultar ionnsachaidh taiceil;
- a' meudachadh chothroman foghlaim is fastaidh do dhaoine bho bhuidhnean gun riochdachadh iomchaidh;
- a' leasachadh ar sgoilearachdan;
- a' cruthachadh cultar dèanadais, agus àrainneachd far an urrainn don luchd-obrach againn fàs agus leasachadh;
- a' brosnachadh slàinte agus mathas nar luchd-obrach agus oileanaich;
- ag àrach cultar ionnsachadh fad-beatha.



Amasan Ro-innleachdail

Air thùs ann an ionnsachadh

A' dèanamh tagradh soilleir do na h-oileanaich againn uile, bidh sinn:

- freagarrach do luchd-smaoineachaidh neo-eisimeileach, cruthachail is breithneachail;
- a' tabhann measgachadh chothroman airson ionnsachadh neo-eisimeileach agus ionnsachadh fo stiùir oileanach;
- a' leasachadh shlighean ionnsachaidh sùbailte, nam measg, ionnsachadh air-loidhne agus co-mheasgaichte;
- a' libhrigeadh ionnsachadh a dh'uidheamaicheas oileanaich airson na ròghnaicheas iad dèanamh às dèidh dhaibh ceumnachadh.

Ag altram iomadachd agus in-ghabhaltachd, bidh sinn:

- a' cruthachadh chothroman do dh'oileanaich le eachdraidhean eugsamhail agus bho bhuidhnean gun riochdachadh iomchaidh;
- a' stèidheachadh dleastanas sòisealta agus seasmhachd ann am beatha ar n-oileanach.

Ag aithneachadh cho cudromach 's a tha sàr theagasg, bidh sinn:

- a' fastadh agus a' misneachadh sàr luchd-obrach;
- a' toirt aithne agus duais don theagasg as fhèarr;
- a' gabhail suim de dh'fhoghlam oileanach mar phàirt de phròiseas àrdachadh dreuchd an luchd-obrach.

Ann an compàirteachas le Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann, bidh sinn:

- a' cur taic ris na goireasan a tha riatanach do mhathas cuirp is inntinn nan oileanach;
- a' làn thuigsinn fheumalachdan is chothroman nan oileanach againn, a' leigeil leotha rannsachadh na thogas an ùidh, taobh a-staigh agus taobh a-muigh nan ceuman aca.

Le spèis do ionnsachadh fad-beatha, bidh sinn:

- a' libhrigeadh chothroman leasachaidh pearsanta is proifeiseanta do luchd-obrach is oileanaich;
- a' cur air adhart na cothroman ionnsachaidh a bheir sinn do choimhearsnachdan ionadail agus domhanta;
- a' libhrigeadh leasachadh proifeiseanta leantail each don luchd-obrach ann an compàirteachas le buidhnean marsanta, poblach agus proifeiseanta.

Tha ceum bho Oilthigh Dhùn Èideann sònraichte. Tha na fo-cheuman againn stèidhichte air teagasg fo stiùir rannsachaidh. Tha ionnsachadh ar n-oileanach stèidhichte air ceasnachadh agus a' gabhail a-steach rannsachadh agus innleachdas a bheir sgilean dhaibh airson obair ioma-cuspaireil agus co-obrachail.

Air thùs ann an rannsachadh

A cur taic ri luchd-rannsachaidh a tha tràth nan dreuchd, bidh sinn:

- a' stiùireadh ar Co-rannsaichean Seansalair;
- a' cruthachadh tuilleadh phrògraman dotaireil buidhneil.

A' co-obrachadh le buidhnean eile a tha air thùs san t-saoghal, bidh sinn:

- a' dèanamh cheanglaichean làidir le oilthighean eile, gnìomhachas, agus buidhnean poblach agus treas roinne;
- a' brosnachadh luchd-rannsachaidh agus oileanaich gus eòlas fhaighinn, agus fiosrachadh a roinn, le compàirtichean domhanta;
- a' fiathachadh luchd-obrach agus oileanaich bho ar compàirtichean, agus obair còmhla riutha gus fiosrachadh a chruthachadh;
- a' sìor mheudachadh toradh rannsachadh agus innleachdas acadaimigeach co-obrachail den chàileachd agus luach as àirde;
- a' cruthachadh institiudan agus ionadan eadar-chuspaireil ùra.

Nas motha agus nas motha, bidh sinn a' tabhann phròiseactan rannsachaidh do ar fo-cheumnaichean a bhuineas ri suidheachaidhean fìor anns an t-saoghal gus am fiosraich iad am piobrachadh agus na dùbhlain a thig an lùib rannsachadh. Nì sinn cinnteach gun ionnsaich na h-oileanaich againn bho luchd-rannsachaidh agus gum faigh iad cothrom cur ris an obair aca.

Cuspairean leasachaidh

Bheir na ceithir cuspairean leasachaidh againn sealladh farsaing air prìomh roinnean leasachaidh rè ùine ar Plana Ro-innleachdail.

Buaidh air feadh an t-saoghail

Gus ar n-eadar-obrachadh air feadh an t-saoghail a thoirt air adhart, bidh sinn:

- a' libhrigeadh chom-pàirteachasan domhanta buadmhor ann an saoghal gnìomhachais, tionnsgail agus sgoilearachd;
- a' meudachadh an uiread chothroman agus taic a gheibh na h-oileanaich againn gus dol an sàs ann an obair, ionnsachadh agus gnìomhan saor-thoileach thall thairis tro Erasmus+ agus sgeamaichean eile;
- a' leasachadh ruigsinneachd do cheum aig Oilthigh Dhùn Èideann do na daoine as glìce san t-saoghal ge bith co às a thig iad;
- a' meudachadh ar n-ìomhaigh agus cliù thar prìomh roinnean an t-saoghail le bhith a' cur air adhart cho math 's a tha ar rannsachadh, beatha ar n-oileanaich, ar goireasan, agus na cothroman a gheibhear ann am baile Dhùn Èideann;
- a' meudachadh ar pasgan ionnsachaidh air-loidhne gus cur ri ar coimhearsnachd ionnsachaidh eadar-nàiseanta.

A' cur ris a' choimhearsnachd ionadail

Cruthaichidh agus neartaichidh sinn dàimhean agus iomlaid fiosrachaidh eadar an t-Oilthigh, am baile agus ar coimhearsnachdan. Bidh sinn a' tabhann ar rannsachaidh agus ionnsachaidh air coimhearsnachdan ionadail, airson amasan an Oilthigh a ruigsinn.

Gus seo a thoirt gu buil, bidh sinn:

- a' togail àrd-mhiannan, a' cuimseachadh air obair fhor-ruigheachd agus tachartasan air a' champas gus am bi cothrom aig barrachd dhaoine air foghlam àrd-ìre, gu h-àraidh anns na buidhnean gun riochdachadh iomchaidh;
- a' leasachadh na h-àrainneachd ionadail, gus seasmhachd agus so-ruigsinneachd a dhainneachadh anns an oighreachd againn, agus nar poileasaidhean is dòighean-obrach lùths agus còmh-dhalach;
- a' stèidheachadh eadar-obrachadh leis a' choimhearsnachd anns na prògraman ceuma againn;

- ag aithneachadh luach eadar-obrachaidh agus dleastanas sòisealta tro Dhuais Dhùn Èideann do na h-oileanaich, creideasan airson ionnsachadh tro chleachdadh, agus Bonn a' Phrionnsapail do luchd-obrach;
- a' brosnachadh an raoin as leatha de luchd-amais a thuigeas ar rannsachadh tro eadar-obrachadh poblach agus goireasan didseatach;
- a' cuideachadh na coimhearsnachd a bhith a' cleachdadh ar goireasan;
- ag obair gu ro-innleachdail le luchd-compàirt catharra agus coimhearsnachd gus piseach a thoirt air slàinte agus mathas, foghlam, cultar agus inbhe beatha.

Compàirteachas le gnìomhachas

Bidh sinn air thùs anns an t-saoghal ann an compàirteachas le gnìomhachas, le maoineachadh gnìomhachail agus marsanta làidir a' cur ri taic thraidiseanta bhon roinn phoblaich agus an treas roinn.

Nì sinn seo, sa chiad àite, tro trì seòrsaichean gnìomha a tha aig cridhe ar n-eadar-obrachadh gnìomhachail.

Tàlant, Sgilean agus So-fhastachd

Gus eadar-obrachadh le luchd-fastaidh a chur air adhart, bidh sinn:

- a' sireadh bheachdan luchd-fastaidh air brìgh chùrsaichean agus phrògraman ceuma;
- a' tabhann ionnsachadh stèidhichte air saoghal na h-obrach do oileanaich;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil na comasan agus sgilean marsantach a tha a dhìth air luchd-fastaidh aig ceumnaichean;
- a' cruthachadh chothroman do luchd-obrach a bhith a' gluasad eadar an t-Oilthigh agus companaidhean.

Rannsachadh agus Leasachadh

Gus a bhith cinnteach gu ruig an rannsachadh againn raon farsaing de luchd-leasa, bidh sinn:

- a' compàirteachadh le gnìomhachas gus am faigh sinn agus iadsan tuigse nas fheàrr air na dòighean a thèid ar rannsachadh a chur gu feum practaigeach;
- a' leasachadh fiosrachadh air-loidhne gus an t-eòlas againn a sgaoileadh gu gnìomhachas;
- a' fastadh luchd-tionnsgain air mhuinntireas le comasan ann an roinnean speisealta.

Innleachdas agus Tionnsgain

Gus raon-taice maoinachail an Oilthigh a mheudachadh, bidh sinn:

- a' cruthachadh chothroman ionnsachaidh ann an gnìomhachas do eadar-obraichean gnìomhachail, a' gabhail a-steach ionnsachadh mu shlighean don mhargaidh;
- ag obair a dh'ionnsaigh dhàimhean ro-innleachdail a ruigsinn, bho dhàimhean tar-chuir singilte gu compàirteachasan co-fhillte;
- ag amas air teachd-a-steach a chosnadh bho ar seilbheachd inntleachdach luachmhor;
- a' fàs agus a' leasachadh ar stòras tasgaidh fhèin.

Leasachadh didseatach, agus dàta

Saidheans dàta

Tha cleachdadh dàta gu brìghmhor is tuigseach riatanach ma tha sinn dol a bhith air thùs san t-saoghal ann an roinnean ionnsachaidh far a bheil dàta agus coimpiùtadh ag atharrachadh anailis agus rannsachadh, bho eòlas-inntinn gu ailtireachd agus fiosaigs.

Gus seo a thoirt gu buil, bidh sinn:

- ag atharrachadh mar a bhios ar n-oileanaich a' faicinn an t-saoghail, gan cuideachadh a' soirbheachadh ann am beatha dhidseatach;
- a' cuideachadh luchd-rannsachaidh gus luach fhaighinn à dàta agus dèanamh prìomh dhàta so-ruigsinneach le bhith a' tasgadh ann am bun-structar agus so-mhaoin dàta;
- a' cur air adhart innleachdas agus am modh-obrach as fheàrr ann an cleachdadh agus anailis dàta;
- a' roinn àiteachan fiosacach agus mas-fhìor le compàirtichean air feadh an t-saoghail agus sa choimhearsnachd ionadail.

Leasachadh didseatach

Brosnaichidh sinn cultar fianais agus nì sinn co-dhùnaidhean ann an dòigh ro-innseach. Cuiridh sinn air adhart leasachadh didseatach anns na dòighean-obrach againn. Gabhaidh an teagasg againn neart bho dhàta agus na teicneòlasan a bheir taic dha dàta agus a chleachdas e. Bidh na siostaman fiosrachaidh againn, ar so-mhaoin dàta agus an taic a bheir sin do luchd-obrach agus oileanaich gar cumail air thùs anns an tionndadh dhidseatach seo.

Gus seo a thoirt gu buil, bidh sinn:

- a' tabhann ionnsachadh didseatach, a' gabhail a-steach prògraman air-loidhne, a bheir inntigeachd do fhoghlam aig Oilthigh Dhùn Èideann taobh a-muigh crìochan a' bhaile;
- a' tasgadh ann an siostaman a chuidicheas an luchd-obrach againn a bhith a' cleachdadh agus a' roinn an fhiosrachaidh uile a chruthaicheas sinn, a' brosnachadh èifeachd, a' cur ri beatha nan oileanach, ag aithneachadh chothroman rannsachaidh ùra agus a' ruith ar n-oighreachd gu tàbhachdach;
- a' neartachadh ar dàimhean san t-saoghal ioma-ceangailte didseatach;
- ag obair a dh'ionnsaigh cultar didseatach a chruthaicheas oilthigh far am bi:
 - gach seirbheis bunasach làn didseatach;
 - gach oide na oide didseatach;
 - gach oileanach na oileanach didseatach;
 - gach co-dhùnadh stèidhichte air fianais le deagh bhunait, agus fiosrachadh, a tha so-ruigsinn;
 - gach oileanach is neach-obrach a' sìor ùrachadh an sgilean didseatach;
 - agus far am bi sinn air gluasad bho meòrachadh air na dh'fhaodadh a bhith romhainn gu a bhith a' ro-innse na tha a' tighinn.

Gheibhear an làn Phlana Ro-innleachdail sa Beurla aig www.ed.ac.uk/strategic-plan

Air a sgrìobhadh, a dheasachadh agus fhoillseachadh le Oilthigh Dhùn Èideann.

Air eadar-theangachadh le Joan NicDhòmhnaill.

© Oilthigh Dhùn Èideann 2016

Is e buidheann carthannais a th' ann an Oilthigh Dhùn Èideann, clàraichte an Alba, àireamh clàraidh SC005336.

